

BÒRD NA GÀIDHLIG

Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh
Diciadain 24/02/2021
Air loidhna tro MS Teams

Minute of the Board Meeting
Wednesday 24/02/2021
Online via MS Teams

TOISEACH AN T-SEISEIN DÙINTE

CLOSED SESSION START

1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH IS GEÀRR-CHUNNTASAN

OPENING ITEMS & MINUTES

Buill an làthair:

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche]
Ailean Caimbeul (AC)
Dòmhnall MacLeòid (DML)
Jennifer Gilmour (JG)
Johan Nic a' Ghobhainn (JNG)
Stewart MacLeòid (StML)

Members present:

Mary T MacInnes (MTMI) [Chair]
Allan Campbell (AC)
Donald MacLeod (DML)
Jennifer Gilmour (JG)
Johan Smith (JS)
Stewart MacLeod (StML)

A' Frithealadh:

Luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig

Shona NicIlinnein, Ceannard (SNI)
Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean
Coimhearsnachd (DB)
Mairianne Stiùbhart, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra
(MS) Puing 6 is 11
Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam Gàidhlig (SW) bho
Phuing 6
Steven Kellow, Oifigear Maoinachaidh is Phròiseactan (SK)
Puing 7
Louise NicIleathain (LNI) Puing 16.1
Orla NicDhòmhnaill, A' sgrìobhadh Geàrr-chunntas (OND)

In attendance:

Bòrd na Gàidhlig staff

Shona MacLennan, Ceannard (SML)
David Boag, Director of Language Planning & Community
Development (DB)
Mairianne Stewart, Head of Finance & Corporate Affairs
(MS) Point 6 & 11
Jim Whannel, Director of Gaelic Education (JW) from
Point 6
Steven Kellow, Funding and Projects Officer (SK) Point 7

Louise MacLean (LML) Point 16.1
Orla MacDonald, Recording Minute (OMD)

1.1 Chuir an Cathraiche fàilte air buill agus luchd-obrach an làthair.

The Chair welcomed staff and members in attendance.

1.2 Leisgeulan

Cha robh gin ann.

Apologies

None

1.3 A' nochdadh chom-pàirtean

MTNA – Ceòlas, Colaiste a' Bhatail Nuadh, Cnoc Soilleir (7.1,
11.1)
AC – An Comunn Gàidhealach (7.1, 11.1)
DML – Comhairle nan Eilean Siar
JG – Riaghaltas na h-Alba (6.1 PT2 is PT3, 11.3)
JNG – Comhairle nan Leabhraichean, Acair (7.1)

Declaration of interests

MTMA – Ceòlas, Newbattle Abbey College, Cnoc Soilleir
(7.1, 11.1)
AC – An Comunn Gàidhealach (7.1, 11.1)
DML – Comhairle nan Eilean Siar
JG – Scottish Government (6.1PT2 & PT3, 11.3)
JS – Comhairle nan Leabhraichean, Acair (7.1)

1.4 Geàrr-chunntas 02/12/2020

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill an geàrr-chunntas leis na atharraichean
ainmichte.

Minutes from 02/12/2021

Decision:

Members **AGREED** the minutes of the last meeting
subject to the changes indicated.

1.5 Puingean Gníomh

Co-dhùnadh:

Thug Buill **FA-NEAR** do na puingean gnìomh.

Points of action

Decision:

The members **NOTED** the action points.

1.6 Cùisean a thog ceann bho na coinneamhan sin nach eil fo phuing eile air a' chlàr-ghnothaich

Cha robh gin ann.

Matters arising from those meetings which are not covered elsewhere on the agenda

None

1.7 Co-dhùnaidhean eadar coinneamhan

Thug SNI fios seachad mun mholadh a rinneadh dhan Bhòrd-
stiùiridh san t-Samhain 2020.
Chaidh an co-dhùnadh a **CHLÀRADH**.

Decisions taken between meetings

SML provided information on the recommendation made
to the Board in November 2020.
The decision was **RECORDED**.

1.8 Clàradh chuspairean a tha rin togail fo GISBE

Fios as ùr mu shuidheachadh FtG ann an Glaschu agus Dùn Èideann.

Recording of topics to be covered under AOCB

Situation regarding GME in Glasgow and Edinburgh.

2.0 GEÀRR-CHUNNTASAN NAN COMATAIDHEAN IS NA BUIDHNE-STIÙIRIDH / CO-DHÙNAIDHEAN EADAR COINNEAMHAN

MINUTES FROM THE COMMITTEES AND THE STEERING GROUP / DECISIONS BETWEEN MEETINGS

Audit & Assurance Committee (Draft)

Decision:

Members **NOTED** the minutes.

PT1 Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd (Dreachd)

Co-dhùnadh:

Thug Buill **FA-NEAR** don gheàrr-chunntas.

PT2 Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan (Dreachd)

Thug SNI leisgeulan seachad nach eil an geàrr-chunntas seo ann airson Buill air sgàth àireamh choinneamhan a tha air a bhith ann.

Policy and Resources Committee (Draft)

SML apologised that the minutes were not available due to volume of meetings.

PT3 Buidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh (Dreachd)

Co-dhùnadh:

Thug Buill **FA-NEAR** don gheàrr-chunntas.

Improvement Plan Steering Group (Draft)

Decision:

Members **NOTED** the minutes.

3.0 AITHISG A' CHATHRAICHE

Dh'fhàg JG a' choinneamh.

JG left the meeting.

Thug an Cathraiche fios mu dheidhinn na h-obrach anns a' bheil i air a bhith an sàs, nam measg obair còmhla ris an Riaghaltas agus Stiùiriche Roinn Foghlaim an Riaghaltais. Chaidh obair a dhèanamh gus an Sgrìobhainn Frèam-obrach ùrachadh; chaidh bruidhinn air adhbhar gnothachais; thog i aire do dh'obair an Riaghaltais a thaobh neartachadh na Gàidhlig; agus cuideachd air an uiread de dh'obair chorporra a th' ann do Bhòrd na Gàidhlig airson buidheann cho beag.

The Chair reported on the work she had been involved in, including with the Government and the Director of the Scottish Government's Education Department. She reported that work had been taken forward in renewing the Framework Document; discussion of the business case; the role of the Government in strengthening Gaelic; and also the level of corporate work for BnG for such a small organisation.

Thill JG dhan choinneimh.

JG returned to the meeting.

Thug an Cathraiche iomradh air coinneamh Thar-phàrtaidh na Gàidhlig far an robh gach partaidh glè thaiseil dhan Ghàidhlig, agus obair CoHI.

The Chair gave an account of the meeting of the Cross-party Group on Gaelic where every party was very supportive of Gaelic, and of work with CoHI.

Thug i fios do Bhuill gu bheil agallamhan air a bhith ann airson Buill ùra agus gun deach sanasan-obrach air loidhne airson obair Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra agus Stiùiriche Foghlam aig Bòrd na Gàidhlig.

She informed Members that interviews had been held for new Members and that adverts had gone online for the posts of Head of Finance & Corporate Affairs and Director of Education at Bòrd na Gàidhlig.

Bha còmhradh ann air dleasan Buill a' Bhùird-stiùiridh a thaobh an dà chuid, riochdachadh na buidhne aig coinneamh phoblach sam bith agus a thaobh bruidhinn ris na meadhanan.

There was a discussion regarding the responsibilities of Board Members in relation to both representing the organization at any public meeting and speaking to the media.

Mhol ball gum faodadh an seisean 'It's Time to Talk', a chaidh a chur air dòigh do luchd-obrach air 4/2/21 airson a bhith a' brosnachadh taic is conaltradh a thaobh slàinte-inntinn, a bhith feumail do bhuill cuideachd oir tha iad gu tric ag obair ann an suidheachaidhean leotha fhèin.

A member suggested that the 'It's Time to Talk' session, which was organised for staff on 4/2/21 to encourage mutual support and issues of mental health, might also be useful for Board members who are often working in situations where they might feel isolated.

4.0 COVID-19

Thug SNI fios mu dheidhinn Covid-19 agus a' bhuidheann aige air obair na buidhne agus luchd-obrach. Thug i fios mu dheidhinn

COVID-19

SML gave an update about Covid-19 and its impact on the organisation's work and staff. She spoke about the

nan dòighean anns a bheilear a' cumail taic ri luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig agus a' neartachadh shiostaman.

Thug i cuideachd fios mu dheidhinn na buaidh air buidhnean dha bheil BnG a' toirt taic, agus thug i taing dhaibh airson na h-oidhirp a tha iad a' dèanamh gus rudan ùra fheuchainn agus an cuid obrach Gàidhlig a neartachadh.

Tha coinneamhan BnG air a bhith air-loidhne airson bliadhna a-nis agus thathar den bheachd gu bheil seo a' toirt fios do dhaoine mun obair againn agus bidh sin a' cumail a' dol mar sin.

Thug SNI fios mu shuidheachadh FtG agus bha còmhradh aig Buill mu dheidhinn seo.

Thug i fios mu Mhaoin Covid agus nach robh uiread de dh'iarrtasan ann agus gu bheil coltas ann nach bi tachartasan mòra ann am-bliadhna.

5.0 AITHISG A' CHEANNAIRD

Fios às ùr

Thug SNI fios as ùr do Bhuill mu shuidheachadh obrach BnG agus luchd-obrach fhathast ag obair bhon taigh. Thug i fios mu thrusadh Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra eadar-amail.

Thug i fios mu dheidhinn coinneamhan beò air a bhith a' dol airson cha mhòr bliadhna, dh'aithris i nach eil feum air Earrann 22 airson na bliadhna 2019/20 agus gun deach companaidh fhastadh airson seirbhis Eòlaiche Stiùireadh Atharrachadh a thoirt seachad. Chlàraich Buill cho toilichte 's a tha iad mun fhiosrachadh seo.

Bha iomadh coinneamh a' dol agus thug SNI iomradh orra seo.

Fhuair Buill fios mu dheidhinn sgrìobhainnean a chaidh do Mhinistearan mu bhith a' neartachadh na Gàidhlig.

Mu dheireadh, thug SNI fios seachad mu thachartasan agus artagailean cudromach.

6.0 CÙISEAN CORPORRA

6.1 Leasachadh na Buidhne

PT1 Plana Feachd-obrach

Dh'innis SNI do na Buill gun deach am Plana Feachd-obrach seo a chruthachadh mar thoradh air moladh bhon luchd-sgrùdaidh. Tha am Plana air a thaisbeanadh ann an dreach ath-nuadhaichte aig a bheil targaidean nas tapaidhe agus barrachd fiosrachaidh mu bhuidhne COVID. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach plana leantainneachd a tha a' gabhail a-steach dreuchdan bàn is làn, gus cur ri ath-leumachd na buidhne.

Thog buill ceist mun fheum air sgilean Gàidhlig ann a bhith a' fastadh luchd-obrach ùr agus mhìnich SNI poileasaidh a' Bhùird air seo a tha sa Phlana Gàidhlig.

ways in which Bòrd na Gàidhlig staff were being supported and systems were being strengthened.

She also spoke about the impact on organizations supported by BnG, and thanked them for their efforts in trying new things and strengthening their Gaelic work.

BnG meetings have been running online for a year now and the idea is to let people know about our work and we will continue with this.

SML reported on the position of GME and Members discussed this.

She mentioned that there have not been as many applications for the Covid Fund and that it seemed unlikely that there would be any major events this year.

CEANNARD'S REPORT

Update

SML updated Members on the situation of BnG with staff still working from home. She reported on the recruitment of an interim Head of Finance and Corporate Affairs.

She reported on live meetings which had been ongoing for almost a year, reported that a Section 22 report was not required for the year 2019/20 and that a company had been hired to deliver the services of a Change Management Expert. The Members recorded how pleased they were with this information.

Many meetings had been taking place and SML gave an account of these.

Members were informed about documents which had been sent to Ministers with regard to strengthening Gaelic.

Finally, SML reported on important events and articles.

CORPORATE MATTERS

Organisational Development

PT1 Workforce Plan

SNI informed members that this Workforce Plan came around as a recommendation from auditors. The Plan presented in a revised version has smarter targets and more information on the impact of COVID. It also includes a succession plan which covers vacant and filled roles, in order to increase resilience in the organisation.

Members raised a question around the need for Gaelic skills in recruiting new members of staff and SML explained the Bòrd's policy on this which is contained in the Gaelic Plan.

Chùm SNI coinneamh le luchd-obrach gus beachdachadh air pàipearan a' Bhùird, a' gabhail a-steach a' phlana seo agus chuir buill fàilte air a' ghluasad seo agus air an fhosgailteachd.

SML held a meeting with staff to discuss Board papers, including this plan and members welcomed this development and openness.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH buill am pàipear mar a chaidh a thaisbeanadh

Decision:

Members **APPROVED** the paper as presented.

Dh'fhàg JG a' choinneamh

JG left the meeting

PT2 Plana Ionmhas Meadhan-ùine

Thug SML fiosrachadh do Bhuill mu obair leasachaidh air a' Phlana bho chaidh a thoirt don Bhòrd san Dùbhlachd 2020. Bha seo a' gabhail a-steach ceathramh suidheachadh maoineachaidh, a bha mar bhunait aig an adhbhar-gnothaich ann am PT3.

PT2 Medium-term Financial Plan

SML advised Members on the development of the Plan since being presented to the Board in December 2020. This included a fourth funding scenario, which was the basis of the business case in PT3.

Bha beagan deasbaid ann mu bhriathrachas ach leis gun robh na pàipearan air an cuairteachadh mar-thà, chaidh aontachadh am pàipear fhàgail mar a bha e.

There was some discussion on wording but as the papers had already been circulated, it was agreed to leave the paper as it stood.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH buill ris a' phàipear mar a chaidh a thaisbeanadh.

Decision:

Members **APPROVED** the paper as presented.

PT3 Adhbhar-gnothaich

Thug MS geàrr-chunntas seachad air na h-eàrr-ràdhan anns a' phàipear.

PT3 Business Case

MS gave an overview of the appendices in the paper.

Bheachdaich buill air susbaint a' phàipeir agus air riarachadh a' bhuidseit. Bha deasbad ann mun atharrachadh anns na modhan anailis a thaobh riarachadh maoineachaidh agus bha Buill ag iarraidh gealltanais gun robh an lùghdachadh ann am maoineachadh airson Adhartachadh na Gàidhlig mar thoradh air a' mhodh-obrach seach na lùghdachadh an da-riribh ann am maoineachadh airson a' phrìomhachais sin. Thug oifigearan an gealltanais sin seachad. Chaidh a mholadh, ma cheadaicheas ùine, gum bu chòir an dà dhòigh-obrach a chleachdadh gus an urrainnear coimeas a dhèanamh.

Members discussed content of the paper and allocation of budget. There was a discussion on the change of methodologies in analysis between corporate priorities and Members sought assurance that the reduction in funding for Promoting Gaelic was a reflection of the methodology rather than a decrease in funding for that priority. Officers provided that assurance. It was recommended that, if time allows, the two methodologies should be applied to enable comparison to be made.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH buill ris an Adhbhar-gnothaich mar a chaidh a thaisbeanadh.

Decision:

Members **APPROVED** the Business Case as presented.

7.0 MAOINEACHAIDH

7.1

Thill JG dhan choinneimh

JG returned to the meeting

Taic-airgid nam Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh 2021/22

Thug DML fios seachad do Bhuill mu dheidhinn co-dhùnaidhean air a' phàipear bho Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan san Fhaoilleach.

FUNDING

Delivery Partner Organisation Funding 2021/22

DML briefed Members on decisions on the paper from the Policy and Resources Committee in January.

Dh'ainmich e gu sònraichte gun robh iad an dùil gum biodh gach buidheann a' toirt seachad fiosrachadh a rèir chlàran-ama agus gum biodh dòighean-obrach iomchaidh aig BnG gus dèiligeadh ri dìth fiosrachaidh.

In particular, he stated that they expected each organization to provide information in accordance with timetables and that BnG would have appropriate procedures in place to deal with insufficient information.

Thug oifigearan iomradh air an obair a thèid air adhart ann an 21/22 mar sgrùdadh air na toraidhean a thàinig às na cùmhnantan 3-bliadhna agus mar ullachadh airson gluasad air adhart.

Officials described the work going forward in 21/22 as an examination of the results of the 3-year contracts and as preparation for moving forward.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' phàipear mar a chaidh a thaisbeanadh.

Decision:

Members **APPROVED** the paper as presented.

7.2 Iarrtas taic-airgid: Giglets

Thug DML fios seachad do Bhuill mu dheidhinn co-dhùnaidhean air a' phàipear bho Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan san Fhaoilleach.

Funding application: Giglets

DML briefed Members on decisions on the paper from the Policy and Resources Committee in January.

Bha còmhraidh aig Buill mun t-suirbhidh sa phàipear agus mu dheidhinn ciamar a bhios Giglets air a mhaoineachadh san àm ri teachd.

Members discussed the survey in the paper and how Giglets will be funded in the future.

Co-dhùnadh:

DH' AONTAICH Buill ris a' phàipear mar a chaidh a' thaisbeanadh.

Decision:

Members **APPROVED** the paper as presented.

8.0 GISBE

Cha robh gin ann.

AOCB

None.

9.0 TOISEACH AN T-SEISEIN FHOSGAILTE

9.1 Chuir an Cathraiche fàilte air luchd-amharc air loidhne.

OPEN SESSION START

The Chair welcomed online viewers.

9.2 Leisgeulan

Cha robh gin ann.

Apologies

None.

9.3 A' nochdadh chom-pàirtean

MTNA – Ceòlas (11.1), Colaiste a' Bhatail Nuadh, Cnoc Soilleir

Declaration of interests

MTMI– Ceòlas (11.1), Newbattle Abbey College, Cnoc Soilleir

AC – An Comunn Gàidhealach (11.1)

AC – An Comunn Gàidhealach (11.1)

DML – Comhairle nan Eilean Siar

DML – Comhairle nan Eilean Siar

JG – Riaghaltas na h-Alba (11.3)

JG – Scottish Government (11.3)

JNG – Comhairle nan Leabhraichean, Acair (11.1)

JS – Comhairle nan Leabhraichean, Acair (11.1)

10.0 PLANA GNÌOMH IS COILEANADH

10.1 Plana Gnìomh 2021/22

Bha còmhraidh aig Buill mu dheidhinn a' Phlana Gnìomh 2021/22.

OPERATIONAL PLAN AND PERFORMANCE

Operational Plan 2021/22

Members discussed the 2021/22 Operational Plan .

Thug DML iomradh air na còmhraidhean a chaidh a chumail mu phàipear seo aig Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan. 'S e obair chudromach a th' ann agus gu bheil e iomchaidh a thaobh nan goireasan a th' aig Bòrd na Gàidhlig.

DML referred to the discussions around this paper at the Policy and Resources Committee. It is important work which is an appropriate use of Bòrd na Gàidhlig's resources.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' Phlana Gnìomh 2021/22 mar a chaidh a thaisbeanadh.

Decision:

Members **APPROVED** the 2021/22 Operation Plan as presented.

10.2 Coileanadh Plana Gnìomh 20-21 gu 31/01/2021

Thug SNI iomradh air a' phàipear agus mhìnich i an siostam airson adhartas a shealltainn sa Phlana Ghnìomh Thug i iomradh air buaidh COVID air cuid de na gnìomhan agus air an dòigh anns am bi a' bhuidheann a' dèiligeadh riutha.

Operational Plan 20-21 Out-turn to 31/01/2021

SML presented the paper and explained the system for demonstrating progress in the Operational Plan. She commented on the impact of COVID on some of the actions and how the organization will approach them.

Co-dhùnadh:

Thug Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh ann an Clàr Coileanaidh a' Phlana Gnìomh 20/21 mar a chaidh a thaisbeanadh.

Decision:

The Members **NOTED** the information in the Operational Plan Implementation Table as presented.

11.0 IONMHAS

11.1 Sgeama taic-airgid Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh 2022-25

Dh'aithris SK air a' phàipear.

Thug Buill ceistean mu luach an airgid agus siostaman. Thug SK fios seachad mu dheidhinn a' phròiseis a th' ann airson dèanamh cinnteach gu bheil obair na Ghàidhlig air a thoirt air adhart.

Dh'fhaighnich Ball an robh laigsean sam bith air a bhith anns an t-siostam agus dè na leasan a tha air an ionnsachadh. Fhreagair oifigearan gu bheil iad toilichte leis an t-siostam agus gu sònraichte leis gun robh cùmhnanntan mar sin aig na buidhnean aig an àm a thàinig COVID, gun robh e a' toirt barrachd comhfhurtachd is neart dhaibh.

Bha còmhraidhean aig Buill air a bheil leasachadh a dhìth san t-siostam a thathar a' cleachdadh agus cuideachd sa cho-obrachadh a tha ann eadar buidhnean.

Thug Buill moladh air maoineachadh fad 3 bliadhna.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' phàipear mar a chaidh a' thaisbeanadh.

11.2 Aithisg Ionmhais gu 31/12/2021

Thug MS seachad thar-shealladh air an Aithisg Ionmhasail, a' mineachadh mar a chaidh airgead a chosg tron bhliadhna. Thathar an dùil gun tèid am buidseat iomlan a chosg ro dheireadh na bliadhna ionmhais.

Co-dhùnadh:

Thug na Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh anns an Aithisg Ionmhais.

Gnìomh:

SNI ri innse do na Buill am bi coinneamh bùird a bharrachd ann ro dheireadh na bliadhna ionmhais.

11.3

Dh'fhàg JG a' choinneamh

JG left the meeting

Buidseat 2021/22

Bha a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan air beachdachadh air an dreachd buidseit agus air a mholadh don Bhòrd. Thug MS seachad thar-shealladh air a' bhuidseit agus dh'innis i do na buill mu na h-adhbharan airson nan co-dhùnaidhean a rinneadh.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill am Buidseat airson 2021/22 mar a chaidh a' thaisbeanadh.

Thill JG dhan choinneimh

JG re-joined the meeting.

12.0 ADHARTAS NAS LUAITHE

Adhartas nas Luaithe

Thug DB iomradh air a' phàipear agus thug e fios do Bhuill mu dheidhinn coinneamh Adhartas nas Luaithe aig an robh e fhèin is SW an làthair.

FINANCE

Delivery Partner Organisation funding scheme 2022-25

SK presented the report.

The Members raised questions about value for money and systems. SK reported on the process in place to ensure that Gaelic related work is taken forward.

A Member asked if there had been any weaknesses in the system and what lessons had been learned. Officials responded that they were happy with the system and particularly with the fact that organisations had contracts by the time COVID started, which gave them more comfort and resilience.

Members discussed whether there is a need for improvement in the system used and also in the co-operation between organizations.

Members praised the 3 year funding model.

Decision:

Members **APPROVED** the paper as presented.

Finance Report to 31/12/2021

MS gave an overview of the Finance Report, outlining the reasons for spend through the year. It is anticipated that the full budget will be utilised by the end of the financial year.

Decision:

Members **NOTED** the information in the Finance Report.

Action:

SML to let members know if there will be an extra board meeting before the end of the financial year.

Budget 2021/22

The Policy and Resources Committee had considered the draft budget and recommended it to the Board. MS gave an overview of the budget and informed members of the reasons behind decisions taken.

Decision:

Members **ACCEPTED** the Budget for 2021/22 as presented.

FASTER RATE OF PROGRESS

Faster Rate of Progress

DB presented the paper and informed Members of a Faster Rate of Progress meeting which he and JW had attended.

Thug SW fios mu dheidhinn iomairtean a thaobh foghlam a tha a' tighinn fo sgèith Adhartas nas Luaithe.

Chuir Buill fàilte air an fhiosrachadh sa phàipear. Bha còmhraidh aig Buill is Oifigearan mu na th' ann de dh'obair agus mu na goireasan a tha ann gus an obair seo a dhèanamh.

Bhruidhinn Buill mu cho cudromach 's a tha co-obrachadh agus mhol iad obair Adhartas nas Luaithe.

Co-dhùnadh:

Ghabh Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh sa phàipear.

13.0 AM PLANA NÀISEANTA

Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28

Thug DB iomradh air a' phàipear agus mu dheidhinn nam prìomh phuingeann sa Phlana.

Chaidh ceisteachan a dhèanamh air-loidhne is b' iad na prìomh theachdaireachdan: cleachdadh na Gàidhlig, a' Ghàidhlig sna h-eileanan, is gum bu chòir cothroman a bhith ann airson ionnsachadh na Gàidhlig aig a h-uile aois. Bha beachdan eile gu math farsaing ann cuideachd.

Chaidh e a chomharrachadh le Comataidh Poileasaidh is Goireasan gu bheil e deatamach gu bheil sinn a' dèiligeadh ri Alba air fad, is nach bi sinn a' dèanamh dìmeas air aon choimhearsnachd fhad 's a tha sinn a' cur taic ri coimhearsnachd eile.

Chaidh a dhearbhadh le oifigearan gu bheil an clàr-ama reusanta ach mothachail aig an aon àm gu bheil tòrr ann ri dhèanamh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh sa phàipear.

14.0 LEASACHADH NA BUIDHNE

14.1 Am Plana Leasachaidh

Thug JG ùrachadh seachad air a' Phlana Leasachaidh agus air a' phròiseas a tha air a bhith ann gus faighinn chun na h-ìre seo. Chaidh 20 gnìomh a chrìochnachadh agus bidh tuilleadh rin crìochnachadh às dèidh na coinneimh seo, a tha a' sealltainn an adhartais a thathar a' dèanamh.

Thug JG ùrachadh do na buill mun obair mapaidh a bha a' dol air adhart. Cha deach a dhèanamh mar a bha dùil ach tha oifigearan ga chur an gnìomh tro dhòigh eile.

Chuir Buill fàilte air an ùrachadh, ag ràdh gun robh e gu math misneachail, a' gabhail a-steach nan leasachaidhean a thaobh cruinneachadh fianais. Chaidh faighneachd carson nach deach am mapadh air adhart mar a bha dùil. Bha seo air sgàth dìth soilleireachd conaltraidh mu na bha a dhìth agus air sgàth uallach obrach, cha tug na h-oifigearan seo an aire aig an àm.

JW gave an update about education initiatives coming under Faster Rate of Progress.

Members welcome the information in the paper. Members and Officers discussed the amount of work involved and the resources available to undertake this work.

The Members spoke of the importance of joint working and praised the Faster Rate of Progress work.

Decision:

The Members **NOTED** the information in the paper.

THE NATIONAL PLAN

National Gaelic Language Plan 2023-28

DB introduced the report and gave an account of the main points in the Plan.

A questionnaire was conducted online and the key messages were the use of Gaelic, Gaelic in the islands, and opportunities for learning Gaelic at all ages. There were also a wide range of other views.

It has been pointed out by the Policy & Resources Committee that it is vital that we cover the whole of Scotland, and that we do not undervalue one community while supporting another.

It was confirmed by officers that the timescale is reasonable but that they were also aware that there is a lot of work to be done.

Decision:

The members **NOTED** the information in the paper.

ORGANISATIONAL DEVELOPMENT

Improvement Plan

JG gave an update on the Improvement Plan and the process that it has been though to get to this point. 20 actions have been completed and there will be more to be complete after this meeting which demonstrates the progress being made.

JG updated members on the mapping exercise which had been taking place. It was not carried out as anticipated but an alternative route is being implemented by officers.

Members welcomed the update as very encouraging, including the developments on evidence gathering. It was queried why the mapping did not proceed as planned. This was due to lack of clarity of communication about what was required and due to workload, the officers did not register this at the time.

Chaidh faighneachd càite am feum sinn ar fòcas a chumail agus fhreagair cathraiche BSPL gur e pròiseact mòr a th' ann a bha feumach air tòrr ùine bho na h-oifigearan fhad 's a bha iad cuideachd an sàs ann a bhith a' libhrigeadh nam prìomh dhleastanasan aca.

Thug buill taing do JG airson na h-obrach mòire a rinn i airson Buidheann Stiùiridh a' Phlana Leasachaidh.

Co-dhùnadh:

Ghabh na Buill **FA-NEAR** don Phlana Leasachaidh.

14.2 Brath Luach as Fheàrr

Thug SNI seachad tar-sealladh air a' Bhrath Luach as Fheàrr, a chaidh ath-sgrùdadh dà uair leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd.

Bheachdaich na buill air àite Bòrd na Gàidhlig ann an leasachadh Gàidhlig, a' toirt fa-near gu bheil lèirsinn mhòr aig a' bhuidheann ach nach eil uallach oirre airson gach taobh de leasachadh na Gàidhlig.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH buill ris a' Bhrath Luach as Fheàrr mar a chaidh a thaisbeanadh.

15.0 RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN

Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail

Thug SNI cunntas air pròiseas ullachaidh is sgrùdadh a' chlàr seo, agus gun robh Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd ga mholadh dhan Bhòrd-stiùiridh.

Co-dhùnadh:

DH' AONTAICH Buill ris a' Chlàr mar a chaidh a' thaisbeanadh

16.0 CÙISEAN CORPORA

16.1 Cairt Èiginn Gnàth-shìde

Dh'aithris LNI iomradh air a' phàipear.

Bha còmhraidh aig Buill mu dheidhinn agus mhol iad structar a' phàipeir.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' phàipear mar a chaidh a thaisbeanadh.

16.2 Gnàth-riaghailtean

Chaidh am pàipear seo a tharraing leis gum bu chòir rabhadh a bhith ann aig aon coinneamh ro làimh gu bheil an dùil na gnàth-riaghailtean atharrachadh. Mar sin, thig am pàipear dhan choinneimh san Ògmhios.

16.3 Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh 2021/22

Dh'aithris SNI air a' Phlana Obrach.

Bha còmhraidh aig Buill agus oifigearan mu dheidhinn aithisgean a bhios a' tighinn don Bhòrd-stiùiridh san Ògmhios

Co-dhùnadh:

It was asked where do we need to keep our focus and the chair of ISPG responded that it has been a significant project which has consumed substantial amount of officers time while they also are involved in delivering their main roles.

Members thanked JG for the substantial work she had carried out for the Improvement Plan Steering Group.

Decision:

Members **NOTED** the Improvement Plan.

Best Value Statement

SML gave an overview of the Best Value Statement, which has been reviewed twice by the Audit & Assurance Committee.

Members discussed Bòrd na Gàidhlig's role in Gaelic development, noting that the organisation has a big vision but does not hold responsibility for all aspects of Gaelic development.

Decision:

Members **APPROVED** the Best Value Statement as presented.

RISK MANAGEMENT

Strategic Risk Register

SML reported on the process of preparing and monitoring this table, and that the Audit and Assurance Committee have recommended it to the Board.

Decision:

Members **APPROVED** the register as presented.

CORPORATE MATTERS

Climate Emergency Charter

LML presented the report.

The Members discussed this and praised the structure of the paper.

Decision:

Members **APPROVED** the paper as presented.

Standing Orders

This paper was withdrawn as there should be one meeting's advance notice that there is an intention to change the standing orders. Therefore, the paper will come before the June meeting.

Board Workplan 2021/22

SML presented the Work Plan.

The Members and officers discussed reports which will come before the Board in June.

DH'AONTAICH Buill ris a' Phlana Obrach mar a chaidh a thaisbeanadh.

17.0 GISBE

Chaidh faighneachd mu dheidhinn suidheachadh FtG an dà chuid ann an Glaschu is Dùn Èideann. Mhìnich Stiùiriche an Fhoghlaim an obair is co-obrachadh a tha a' dol air adhart, agus air na dleastanasan aig na buidhnean eadar-dhealaichte— BnG, RnA is na h-Ùghdarrasan Ionadail. Mhìnich e cuideachd gu bheil an suidheachadh ag atharrachadh gu luath agus gun cùm e fiosrachadh do na Buill air cùisean.

Dhùin a' choinneamh fhosgailte aig 14.40.

Ceann-latha na h-ath coinneimh 16/06/2021

Decision:

Members **APPROVED** the Work Plan as presented.

AOCB

The position of GME both in Glasgow and Edinburgh was raised. The Director of Education outlined the ongoing work and collaboration, and the responsibilities of the various bodies - BnG, SG and Local Authorities. He also explained that the situation is changing rapidly and that he will keep Members updated on these matters.

The open meeting closed at 14.40.

Date of next meeting 16/06/2021